

*1) Air Oidhche na Samhna bidh ann, bidh ann
Buidsichean 's deamhna neo-ghann, neo-ghann
Bidh sìthichean le aighir a' marcachd san adhar,
'S a' toirt leo' mnathan is clann, is clann.

seist: Seinn iùra-bhinn oho horò horò
Nach cluinn sibh, a chaileagan, fanaibh aig baile,
Mum bi sibh 'nar fanaid 's 'nar spòrs, 'nar spòrs.

*2) Bidh mòran de dhaoine fo sprochd, fo sprochd,
'S a' chlann bidh a' caoineadh gu goirt, gu goirt,
Bidh mnathan a' glaoidheadh 's cha bhi iad gun adhbhar,
'S na sìthichean 'gan slaodadh don chnoc, don chnoc.

3) Ged 'bhios logaidean 's bodaich air falbh, air falbh,
Tha 'n oidhche sin sona gu dearbh, gu dearbh,
Ghabh fleasgaichean 's caileagan brath air an leannain,
Le fàisneachd gun mhearachd gun chearb, gun chearb.

4) O tha m' eugh riubh a cheòlraidh, mo chàil, mo chàil,
A ghleusadh gu ceòl is gu dàn gu dàn,
Los gun seinneam mun ghòraich 'tha 'measg na cloinn' òige,
San aois chan eil mòran nas fheàrr, nas fheàrr.

*5) Bidh fleasgaichean 's cailean gun tàmh, gun tàmh,
A' falbh feadh gach baile 'goid càil, 'goid càil,
Cha bhi gàrradh no callaid nach leag iad gu talamh,
'S iad 'teicheadh leis dhachaidh gun nàir', gun nàir'.

*6) Nuair 'thig iad leis dhachaidh air chrith, air chrith,
Gun cuir iad e seachad gun fhios, gun fhios,
Bràigh doras an taighe mun dèid iad a laighe,
Is bidh e gu lath' ann a-sin, ann a-sin.

*7) An ciad neach 'thig a-steach an t-ath-latha, an t-ath-latha,
Bidh 'na chomhar gu beachd air an gràdh, air an gràdh,
Is dona no math air an stoc ma bhios blas,
Bidh an urra sin ceart no gun stàth, gun stàth.

*8) Ma leanas ri tobhtag no pleoc, no pleoc,
Aig an aon sin bidh tochradh no toic, no toic,
Ach ma bhios an stoc geòcach, crom, cam agus crotach,
Bidh an duine sin coltach 'na chorp, 'na chorp.

9) Cleachdadh eile 'tha aca gu dearbh, gu dearbh,
'Bhith 'mach feadh nam bailtean air falbh, air falbh,
Ag éisteach 's a' farchluais aig doras gach aitreabh,
'S gur comhar 'chiad fhacal air 'ainm, air 'ainm.

10) A-mach don chruaich-arbhair théid iad, théid iad,
'S bidh a' spionadh 's a' tearbadh nan dias, nan dias,
An sìol-mhullaich ma dh'fhalbhas cha bhi ac' ach fann-earbsa,
Gun déid céile leo' 'shearmoin gu sìorraidh, gu sìor.

11) 'S thèid feadhainn le faicill don àthaidh, don àth,
Is bheir iad leo' ceirsle de shnàth, de shnàth,
'Ga tilgeadh don lagan trì uairean 's 'ga tachras,
Dh'fheuch iad 'n déid oirre grabadh le 'n gràdh, le 'n gràdh.

12) Cuid eile gheibh ùbhal gun fhios, gun fhios
'S thèid iad gu sgàthan 'ga ith', 'ga ith',
'S chi iad coltas an leannain 'ga spioladh gu h-ealamh,
'S 'ga thoirt às an an làmhan gu clis, gu clis.

13) Is tha de chleachdadh aig cuid, aig cuid,
Dol don t-sabhal a dh'fhasgnadh le guit, le guit,
'S chi iad samhladh no tannasg 'dol seachad 'na dheannaibh,
'S a' dol às an t-sealladh 'na ruith, 'na ruith.

14) 'S thèid fleasgaich a dh'aitheamh nan crucach, nan cruach
'S 'gan tomhas le 'n làmhan mun cuairt, mun cuairt,
Dh'fhaighinn samhlaidh 'nan glacaibh air a' chéile 'bhios aca,
'Sin teichidh iad dhachaidh gu luath, gu luath.

15) Cuid a thomhas an alldan an léin', an léin',
Far an coinnich trì oighreachdan 'chéil', a chéil',
'S ris an tein' fad na h-oidhch' thèid a cur gus am foillsich,
'Ga geàrd tannasg no taibhse no dreug, no dreug.

16) 'N-sin thèid aig an teallaich air lic, air lic,
Trì cuachagan geala de dh'fhiodh, de dh'fhiodh,
Ann an té bidh uisg' glan 's an aon eil' usig' salach,
'S an treas tè bidh falamh gun sil', gun sil'.

17) 'S thèid dallan air neach gu seòlt', gu seòlt',
'S gun teann e 'nan caraibh le 'chròig, le 'chròig,
Air té thruaillt', glan, no falamh ma dh'éireas d' a amas,
'S thèid leith'd sin 'nì e theannadh 'na chòir, 'na chòir.

18) An sin gheibh iad uachdar á stòp, á stòp,
'S gun dèan iad dheth fuarag 'bhios mòr, 'bhios mòr,
Thèid a cuar ann an cuaich 's cuirear fainne gu luath innt',
'S ge be gheibh e trì uairean gum pòs, gum pòs.

19) Bonnach-salainn no sgadan 'bhios goirt, 'bhios goirt,
Gun ith iad le cabhaig 's le 'n toil, le 'n toil,
Los gum faic iad an leannan nuair 'thèid iad don leabaidh,
'Tighinn 'gan ionnsaigh fo mhadainn le deoch, le deoch.

20) 'Nis sguireamh de m' òran 's de m' dhuan, 's dem' dhuan,
'S a dh'innse mu ghòraich an t-sluaigh, an t-sluaigh,
Gheibh gach urra ri pòsadh an neach 'tha san òrdugh,
'S cha chluinn chum duine san Eòrp' e bhupap', e bhupap'.